

Cuimhnich ma tha thu air deoch-làidir agus/no drogaichean a ghabhail gum bi do bhreithneachadh agus do chuid chòdhùaidhean air am milleadh gu mòr agus gum bi thusa agus luchd-fuirich/gabhaltais eile an cunnart bho theine agus bho leòn bho theine. Gu sònraichte, cuiridh smocadh fhad is tha thu fo bhuaidh dhrogaichean agus/no na dibhe ann an cunnart nach beag a bharrachd bho theine is leòn.

> SEACHNADH RABHAIDHEAN-BRÈIGE

Tha a' chuid as motha de ghairmean-teine ann an èiginn gu àiteachan-fuirich oileanach nan rabhaidhean-brèige. Tha mòran rabhaidhean-brèige gan adhbharachd le mì-chùram no dearmad agus gabhaidh iad seachnadh gun strì. Tha feadhainn ann ri linn a bhith a' cur lorgairean-teine is uidheam-rabhaidh air ghleus a dh'aon ghnòthach, mì-ghnàthachadh no giùlan neo-chùramach às am faodadh tighinn mar thoradh gun tèid fios mun neach/mu na daoine ris a bheil e an urra a chur dhan Phoileas no gun caill iad an gabhaltas aca.

Dh'fhaodadh luchd-smàlaidh a' freagairt rabhadh-brèige dàil a chur ann sàbhaladh beatha ann an teine ann am firinn.

- Na cleachd steallairean gu dìreach fo lorgairean-toite a-chaoidh.
- Na còmhaich ceann lorgair-toite a-chaoidh.
- Cùm dorsan sheòmraichean-ionnlaid dùinte.
- Gabh aire a bharrachd ma chleachdas tu coinnlean no maidean-tùise*
- Gabh aire a bharrachd ma chleachdas tu cucar no teasadair a ghabhas giùlan anns an t-seòmar agad*
- Cùm an cucar agad glan agus nach càrn iarmad bidhe suas.
- Cleachd foidhle sa bhrann-dair agad agus cuir am foidhle an dara taobh an dèidh dhut a chleachdadh.

Tha rabhadairean-toite mothachail agus faodar an cur air ghleus le:

- Steallairean aerosol
- Coinnlean agus maidean-tùise
- Smùid bho chòcaireachd
- Gal bho sheòmraichean-ionnlaid agus bho iarannan
- Stuth-smocaidh

* Ann an tallachan-fuirich, is dòcha gum biodh e an aghaidh na h-aonta agad mu chòmhnaidh coinnlean/maidean-tùise agus cucaran/teasadairean a ghabhas giùlan a chleachdadh anns an t-seòmar agad.

Ma tha thu air an teine no rabhadh adhbharachadh, cuir thu fhèin an aithne do Sheirbheis Teine is Teasairginn agus minich an suidheachadh.

> A' FÀGAIL NA DACHAIGH

Ma tha thu a' dol dhan cholaiste no dhan oilthigh – no a' tòiseachadh air a' chiad phost agad – is dòcha gu bheil thu a' fàgail na dachaigh dhan chiad turas. Dh'fhaodadh tu bhith a' gluasad a-steach ann am flat no ann an tallachan-fuirich. Ge b' e càite an tèid thu, bidh e an urra riut an t-àite sa bheil thu a' fuireach a chumail suas. Tha seo a' ciallachadh a bhith ga chumail sàbhailte bho theine. Chan ann dìreach airson do shàbhailteachd fhèin a tha e. Tha dleastanas ort cuideachd dha na daoine timcheall agus dhan choimhearsnachd sa bheil thu mar phàirt a-nis. Chan eil ann an sàbhailteachd-teine ach toinise. Agus dh'fhaodadh dèanamh cinnteach gu bheil thu air sùil a thoirt air beagan nithean bunaiteach beatha a shàbhaladh. Tha thu a' dèanamh fiughair ri àm sona. Feuch an cùm thu mar sin e.

> FÒNAICHEAN-MEALLAIDH, IONADAN BRISIDH-GHLAINNE AGUS INNEALAN-SMÀLAIDH TEINE

Thathar a' gabhail 'fònaichean-tuairpeaidh' aig amannan air fònaichean-meallaidh no rabhaidhean-brèige. Ach chan e dìreach fealla-dhà gun chron a th' ann am fònaichean-tuairpeaidh. Nam measg tha cur air ghleus ionadan brisidh-ghlainne le droch-rùn; bidh luchd-smàlaidh a' toirt freagairt air gach gairm-rabhaidh a gheibh iad, biodh e na fhòn no a' freagairt air rabhadh a dh'èirich nuair a chuir cuideigin ionad briseadh-ghlainne air ghleus. Ma bhios iad a' toirt freagairt air rabhadh-brèige, chan eil iad rim faotainn gus dèiligeadh ri èiginn ann an da-rìribh. Faodaidh sinn beatha a chosg. Thathar a' cur casaid air daoine a chuireas fònaichean-meallaidh. Is e am peanas a th' ann prìosanachadh, càin no an dà chuid.

Cha bu chòir 'cluich' le innealan-smàlaidh teine aig àm sam bith. Tha iad nan uidheam deatamach, a dh'fhaodadh beatha a shàbhaladh. Tha toirt air falbh innealan-smàlaidh teine no gan leigeil dheth aig àm sam bith eile a' ciallachadh ma dh'èireas teine gum faodadh seilbh is beatha a bhith ann an cunnart mura bheil na smàladairean rim faighinn ri chleachdadh ann an staid far a bheil iad air an teàirrdseadh gu h-iomlan agus ag obrachadh.

Tadhail air www.firescotland.gov.uk airson comhairle phractaigeach mu shàbhailteachd-teine. Air neo bruidhinn ris an luchd-smàlaidh ionadail agad. Gheibh thu fios mu chonaltradh air an làraich-lìn, san leabharlann ionadail agad agus ann an leabhar nam fòn.

Ma tha thu ag iarraidh copaidh den sgrìobhainn seo ann an riochd eadar-dhealaichte no dreach ann an cànan eile, cuiribh fios gu **0800 0731 999**.



SCOTTISH
FIRE AND RESCUE SERVICE
Working together for a safer Scotland


Translated and
printed with
funding from Bòrd
na Gàidhlig

v2.3 Màrteal 2021

Gus **CUAIRT AN-ASGAIDH MU SHÀBHAILTEACHD-TEINE AIG AN DACHAIGH** a chur air dòigh Cuir fòn gu **0800 0731 999** Cuir teacs 'FIRE' gu **80800** no tadhail air www.firescotland.gov.uk



@SFRSYourSafety



Fios.

Co-dhiù 's e **oileanach** ann an **tallachan** no neach a' fuireach anns **a' chiad fflat** agad a th' annad bidh e **an urra** riut co-imhead ris an àite sa bheil thu a' fuireach. Tha sin a' ciallachadh a bhith ga chumail **sàbhailte** bho **theine**.



SCOTTISH
FIRE AND RESCUE SERVICE
Working together for a safer Scotland



> A' FUIREACH ANN AN TALLACHAN-FUIRICH?

Bidh lorgairean-teine fèin-obrachail anns na raointean as cudromaiche. Tha iad gan cur air ghleus le teas no toit, agus a' seirm rabhadh. Ma chluinneas tu rabhadh-teine, rach dhan ionad-chruinneachaidh ainmichte agad.

Bidh rabhadairean-teine brisidh-ghlainne faisg air dorsan a-mach. Ma lorgas tu teine – no ma tha amharas ort gu bheil teine ann – bris a' ghlainne gus an rabhadadair-teine a sheirm. Bheir sinn rabhadh do dh'oileanaich eile.


Bidh dorsan a sheasas an aghaidh teine anns na raointean as cudromaiche. Nuair a bhios iad dùinte, bidh iad a' dìon na slighe-èalaidh agad bho thoit is bho theine. Tha e cunnartach doras fhosgladh ma tha teine air a chùlaibh. Bean ri làmh an dorais le druim na làimhe agad. Ma tha e teth, na fosgail e.

Ma lorgas tu teine na cuir thu fhèin ann an cunnart.

BI A-MUIGH – FAN A-MUIGH CUIR FÒN GU SEIRBHEIS TEINE IS TEASAIRGINN

> SLIGHEAN-ÈALOIDH, PLANAICHEAN ÈALOIDH, IONADAN-CRUIÑNEACHAIDH

Cùm slighean-èalaidh glan bho sgudal, rothairean, àirneis no rudan sam bith a dh'fhaodadh bacadh a chur ort èalaidh. Dèan cinnteach gu bheil plana èalaidh agad. Biodh fios agad mar a thàrradh tu às gu sàbhailte nan èireadh teine. Nuair a thathar a' fàgail an togalaich, dèan cinnteach gun dùin thu dorsan nad dhèidh. Cuidichidh dorsan dùinte sgapadh toite is teine a shlaodachadh. Dèan cinnteach gu bheil fios agad far a bheil an t-ionad-cruinneachaidh dhan tèid thu a-muigh.



> A' FUIREACH ANN AN ÀITE-FUIRICH AIR MHÀL?

Ma tha thu còmhla ri feadhainn ann an àite-fuirich air mhàl, tha barrachd cunnairt gum biodh teine ann. Tha sin ann gu ìre seach nach eil àiteachan-fuirich air mhàl gan cumail gu math daonnan. Feumaidh uachdarain taigheadais air mhàl fiosrachadh a thoirt dhut a bheir comhairle is stiùireadh mun ghabhailteas agad agus mu shàbhailteachd. Ann an àiteachan-fuirich air mhàl, dèan mar a leanas an-còmhnaidh:

- Dèan cinnteach gu bheil rabhadairean-toite/teasa ag obrachadh san fhlat agus air na staidhrichean is na transsachan.
- Bu chòir gum biodh rabhadairean-toite air an cur anns na seòmraichean uile far a bheil uidheam ga chumail le carban, leithid ghoileadairean, teintean (teintean fosgailte nam measg), teasadairean-gasa no teasadairean-paireafain, stòbhan no luidhear.
- Dèan cinnteach nach eil bacan sam bith air na h-uinneagan agus gun gabh iad fosgladh gun stri bhon taobh a-muigh.
- Thoir sùil airson bileagan mu sheasamh ri teine air an àirneis. Faodaidh nach bi àirneis a chaidh a dhèanamh ro 1988 seasmhach an aghaidh teine/lasadairean. Faodaidh i dol na teine gun stri agus cuiridh i a-mach toit phuinnseanach.

Ma tha triùir no barrachd agaibh a' fuireach air mhàl/còmhla, feumaidh cead bhon chomhairle ionadail a bhith aig an uachdarann gus Taigh ann an loma-chòmhnaidh obrachadh. Mura bheil cead ann, na gabh an t-àite air mhàl. Cuir fios mun uachdarann dhan chomhairle. Ma tha cead aige, feumaidh na leanas a bhith ann:

- Rabhadairean-toite/teasa gus teine a lorg agus rabhadh mu dheidhinn a thoirt
- Plana èiginn a sheallas an t-slighe a-mach as fhaisge
- Slighe-èalaidh
- Innealan-smàlaidh teine